



STORYWORLDS



A' Chearc Bheag Ruadh



Air ath-innse le Diana Bentley • Na dealbhan le Elisabeth Moseng





Uair bha siud bha cearc bheag ruadh ann.
Bha i a' fuireach air tuathanas còmhla ri cat
agus radan agus gobhar.

Aon là lorg i sìol.

“An cuidich sibh mi a’ cur an t-sìl?” thuirt i.

Ach thuirt an cat agus an radan agus an
gobhar,





cha chuidich

cha chuidich

cha chuidich

Chuir a' chearc bheag ruadh an sìol.


Dh'fhàs an sìol.

Aon là bha a' chruithneachd deiseil.

“An cuidich sibh mi a' gearradh na cruithneachd?”

thuirt a' chearc bheag ruadh.

Ach thuirt an cat agus an radan agus an gobhar,





cha chuidich


cha chuidich


cha chuidich

Gheàrr a' chearc bheag ruadh a'
chruithneachd i fhèin.

Bha a' chruithneachd deiseil airson a toirt
dhan mhuilinn.

“An cuidich sibh mi a' toirt na cruithneachd
dhan mhuilinn?” thuirt a' chearc bheag ruadh.
Ach thuirt an cat agus an radan agus an
gobhar,





cha chuidich

cha chuidich

cha chuidich

Thug a' chearc bheag ruadh a' chruithneachd
dhan mhuilinn i fhèin.


Rinn am muillear min-fhlùir leis a' chruithneachd.

Bha a' mhin-fhlùir deiseil airson aran a dhèanamh

“An cuidich sibh mi a' dèanamh aran?”

thuirt a' chearc bheag ruadh.

Ach thuirt an cat agus an radan agus an
gobhar,





cha chuidich

cha chuidich



cha chuidich

Rinn a' chearc bheag ruadh an t-aran i fhèin.

Bha an t-aran deiseil airson ithe.


Thuirt a' chearc bheag ruadh ris a' chat agus

ris an radan agus ris a' ghobhar,

“An cuidich sibh mi ag ithe an arain?”

Agus thuirt an cat agus an radan agus an

gobhar,





cuidichidh

cuidichidh

cuidichidh

Ach thuir a' chearc bheag ruadh,
"Cha chuidich, cha chuidich cha chuidich.
Cha do chuidich sibh mi a' cur an t-sìl.
Cha do chuidich sibh mi a' gearradh
na cruithneachd.
Cha do chuidich sibh mi a' toirt na cruithneachd
dhan mhuilinn.
Cha do chuidich sibh mi a' dèanamh an arain
agus a-nis tha mi a' dol ga ithe mi fhìn.

Mmmm

